

1. Ealain | Art

Sgrìobh  - Freagair na ceistean seo le briathrachas bhon leasan:

1. Dè an t-ainm a th' air neach a bhios a' snaidheadh? _____
2. Cò bhios ag obair le clò? _____
3. Ma bhios neach a' dealbhachadh, dè an obair a th' aca? _____
4. Dè bhios neach-togail dhealbha a' dèanamh? _____

2. Aig gailearaidh ealain | At an art gallery

Sgrìobh  - Freagair na ceistean seo le ur freagairtean pearsanta fhèin.

1. Am faca tu dealbh ainmeil a-riamh? _____
2. Cò an dealbh a chunnaic thu? _____
3. Càit am faca tu an dealbh sin? _____
4. An deach thu gu gailearaidh ainmeil a-riamh? _____
5. Dè chunnaic thu an sin? _____

3. Thèid mise ann | I'll go there

Sgrìobh  na ceistean seo a-rithist anns an òrdugh cheart agus an uair sin freagair iad.

1. Càit / air làithean-saora / am-bliadhna / an tèid / thu ?

2. duine / còmhla riut / sam bith / tig / An ?

3. chì / anns / thu / an àite sin / Dè ?

4. dhan / thèid / àite sin / a / Cuin / thu ?

4. A' mìneachadh obair-ealain | Explaining artwork

Sgrìobh 🖋️ - Cò ris a tha an dealbh seo coltach? Sgrìobh 5-10 seantansan mu dheidhinn.

The Raampoortje in Amsterdam, 1809

Neach-ealain: Wouter Johannes van Troostwijk



Deireadh a' Chòmhradh:

Coimhead 📺 - www.youtube.com/@SpeakGaelic/playlists - Ma choimheadas sinn a-rithist air a' chòmhradh eadar Etta agus Luc, cluinnidh sinn aig deireadh a' chòmhradh gu bheil iad a' bruidhinn air an seòrsa ealain as fheàrr leotha.

Etta: Dè an seòrsa ealain as fheàrr leat fhèin?

Luc: Tha ùidh agamsa ann an obair camara ach is toil leam a bhith a' dol dhan ghailearaidh mhòr sa bhaile nuair a bhios taisbeanadh ùr ann.

Etta: Thèid mise an sin uair sa mhìos. Bidh mi a' coiseachd mun cuairt leam fhèin a' coimhead air an obair-ealain.

Luc: An do rinn sibh obair-ealain a-riamh?

Etta: (le gàire) O nach ist thu, cha do rinn! Chan eil mi math air dealbh a tharraing agus chan eil mi math air dealbh a thogail. Bidh mise a' fighe!

Luc: 'S e seòrsa de dh'obair-ealain a tha sin.

5. Dathan an deilbh mhòir | The colours of the big picture

Sgrìobh  - Tagh an roghainn cheart.

1. Ciamar a chanas sinn 'the beauty of the island'?
a) bòidhchead an eilein b) bòidhchead an eilean c) bòidhchead an eileine
2. Ciamar a chanas sinn 'the edge of the large picture'?
a) oir an dealbh mòr b) oir an deilbh mhòir c) oir na deilbhe mòire
3. Ciamar a chanas sinn 'the head of the young sheep'?
a) ceann na caorach òige b) ceann an caora òg c) ceann a' chaora òige
4. Ciamar a chanas sinn 'the colour of the paper'?
a) dath na pàipeire b) dath a' phàipeir c) dath am pàipear
5. Ciamar a chanas sinn 'the light of the nice morning'?
a) solas a' mhaidne shnog b) solas na maidne shnog c) solas na maidne snoige

6. Tobar an Dualchais | Kist o' Riches

Èist  - ri criomag [3:46 - 4:36] bhon chlàradh seo air Tobar an Dualchais agus leugh an tar-sgrìobhadh an seo: www.tobarandualchais.co.uk/speakgaelic/b1-21-ealain-art

Eairdsidh: *Bha Frans Hals ag obair aig an aon àm, bha e car mun aon aois ri Rubens... ach e... bha esan cuideachd... bha dòigh-peantaidh aige car coltach ri Rubens, dh'ionnsaich e mòran bho Rubens agus bha esan a' peantadh gu cinnteach agus gu cabhagach cha mhòr, dh'fhaodadh tu a ràdh, ach 's e nithean saoghalta a bh' aigesan, eh, bha tòrr de na deilbh aigesan air an suidheachadh ann an taighean-òsta agus bha dòigh aige air daoine a ghlacadh, cha mhòr mar a ghlacadh tu iad le camara, eh, dìreach aig àm sònraichte agus cha mhòr nach robh a h-uile gin dhiubh a' gàireachdaich anns na deilbh aige, mar eisimpleir An Laughing Cavileer, cha mhòr nach cluinn thu an ceòl-gàire aige.*

Agnes: *Agus sin aon de na dealbhan as iomraitiche a th' againne nach e?*

Eairdsidh: *'S e, dìreach, 's e.*

1 - Ealain | Art

1. Dè an t-ainm a th' air neach a bhios a' snaidheadh? snaidheadair
2. Cò bhios ag obair le clò? figheadair no breabadair
3. Ma bhios neach a' dealbhachadh, dè an obair a th' aca? dealbhadair
4. Dè bhios neach-togail dhealbh a' dèanamh? a' togail dhealbhan

2 - Aig gailearaidh ealain | At an art gallery

Na freagairtean agad fhèin an seo, ach seo eisimpleir:

1. Am faca tu dealbh ainmeil a-riamh? Chunnaic
2. Cò an dealbh a chunnaic thu? Chunnaic mi 'Sunflowers'.
3. Càit am faca tu an dealbh sin? Ann an Amsterdam
4. An deach thu a ghailearaidh ainmeil a-riamh?
Chaidh. Chaidh mi gu Taigh-tasgaidh Van Gogh ann an Amsterdam.
5. Dè chunnaic thu an sin?
Chunnaic mi mòran dhealbhan a rinn Vincent van Gogh an sin.

3 - Thèid mise ann | I'll go there

1. Càit an tèid thu air làithean-saora am-bliadhna?
2. An tig duine sam bith còmhla riut?
3. Dè chì thu anns an àite sin?
4. Cuin a thèid thu dhan àite sin?

Na freagairtean pearsanta agaibh fhèin an seo.

4 - A' mìneachadh obair-ealain | Explaining artwork

Seo eisimpleir den t-seòrsa rud a dh'fhaodadh tu sgrìobhadh an seo:

Tha an dealbh seo socair agus tha na dathan doilleir ach blàth. Chan e dealbh dathach a th' ann idir, ach tha e tarraingeach. Chì thu drochaid is abhainn san ro-raon agus taighean is toglaichean san cùl-raon. Tha sneachd ann, agus tha seo ag innse dhuinn gur e àm a' gheamhraidh a th' ann. Chanainn gu bheil an dealbh seo mìn agus is toil leam an tònna bhlàth. Chanadh tu gur e latha fuar a th' ann, ach tha blàths anns an dealbh. Chì thu ceò a' tighinn à similearan nan taighean, 's dòcha gu bheil an dath a' toirt iomradh air blàths nan dachaighean.



Dathan an deilbh mhòir | The colours of the big picture

1. Ciamar a chanas sinn 'the beauty of the island'?
a) **bòidhchead an eilein**
2. Ciamar a chanas sinn 'the edge of the large picture'?
b) **oir an deilbh mhòir** [The word **dealbh** can also be feminine so c) **oir na deilbhe mòire** would also be correct.]
3. Ciamar a chanas sinn 'the head of the young sheep'?
a) **ceann na caorach òige**
4. Ciamar a chanas sinn 'the colour of the paper'?
b) **dath a' phàipeir**
5. Ciamar a chanas sinn 'the light of the nice morning'?
c) **solas na maidne snoige**